

THA AN LEANABH AGAIBH NA

FHIANAIS

LEABHRAN AIRSON
PÀRANTAN AGUS LUCHD-CÙRAIM

THA AN LEANABH AGAIBH NA **FHIANAIS**

LEABHRAN AIRSON
PÀRANTAN AGUS LUCHD-CÙRAIM

Taing shònraichte don chloinn ann am Bun-sgoil Albert ann an Springburn agus Bun-sgoil Ghleann Dail ann am Pollokshields.

Dealbhan le Eleanor Meredith,
Colaiste Ealain agus Dealbh Donnchadh Iordanstone, Oilthigh Dhundè

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Astron B41394 06/05
Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Òg-mhios, 2005

Tha 100% den sgrìobhainn seo air a chlà-bhualadh air pàipear ath-chuartaichte agus gabhar ath-chleachdadh 100%

CLÀR-INNSE

- 01 Ro-ràdh
- 02 Eagalan agus draghan cumanta
- 06 Cò a dh'fhaodas taic a thoirt dhuibh agus na ceistean agaibh a fhreagairt?
- 08 A' toirt cùis gu cùirt
- 12 Ceann-latha na cùirte
- 13 Cùirtean agus imeachdan cùirte
- 14 Anns an t-seòmar-cùirte
- 16 A' toirt seachad fianais
- 17 A' comharrachadh neach
- 18 Ceumannan sònraichte a tha rim faotainn airson fianais a thoirt seachad
- 19 A' cleachdadh scrion
- 20 A' cleachdadh ceangal telebhisean
- 21 A' cleachdadh neach-taice
- 22 Ceumannan sònraichte eile
- 24 Na beachdan agaibhse agus beachdan an leanairbh agaibh
- 25 A' dol gu cùirt
- 26 A' feitheamh
- 27 Cuairtean cùirte
- 28 A' toirt seachad fiosrachadh
- 29 Buil cùis lagha
- 30 Cuideachadh eile a tha ri fhaotainn
- 31 Beachdan
- 32 Rudan ri chuimhneachadh
- 33 Fiosrachadh seòlaidh feumail

RO-RÀDH

Tha an leabhran seo airson pàrantan agus luchd-cùraim leanabh sam bith a tha na fhianais agus a dh'fhaodar a ghairm gus fianais a thoirt seachad don chùirt.

- Is e a tha ann an leanabh ach cuideigin fo aois 16 aig an àm a thòisicheas a' chùis. Feuch gum faighnich sibh airson tuilleadh fiosrachaidh mu na tha seo a' ciallachadh.
- Faodaidh leanabh a bhith na fhianais ann an cùis lagha eucorach no ann an cùis lagha èisteachd chloinne.

Tha trì diofar dhaoine ann a dh'fhaodas an leanabh agaibh a ghairm airson a bhith nam fianais:

- neach-casaid a' chrùin (aithnichte cuideachd mar am fiosgail no neach-lagha a' chrùin)
- neach-lagha dìon no comhairle dìona
- an neach-aithris aig an èisteachd chloinne.

Faodaidh neach-cùraim a bhith a' ciallachadh pàrant no neach eile aig a bheil cùram airson leanabh. Faodaidh e cuideachd a bhith a' ciallachadh cuideigin a tha a' toirt cùram do leanabh rè ùine, leithid neach-cùram dalta.

Tha an leabhran seo airson pàrantan agus luchd-cùraim uile anns na suidheachaidhean seo.

Faodaidh e a bhith trom air neach sam bith a dhol gu cùirt mar fhianais. Is dòcha gum feum clann agus daoine òga taic a bharrachd.

Faodaidh e cuideachd a bhith na àm draghail dhuibhse.

Tha sinn an dòchas gun cuidich an leabhran gus freagairt a thoirt do cheistean sam bith a dh'fhaodas a bhith agaibh mu dheidhinn na cùirte a thuilleadh air draghan sam bith a dh'fhaodas a bhith agaibh fhèin no aig an leanabh agaibh.

Ma tha sibhse cuideachd nur fianais tha tuilleadh fiosrachaidh ann a dh'fhaodas neach-casaid a' chrùin, an neach-lagha no an neach-aithris a thoirt dhuibh.

Ann a bhith a' cuideachadh clann gus deasachadh airson cùirt, chan fhaod sibh aig àm sam bith innse don leanabh agaibh dè a bu chòir dhaibh a ràdh no a dhol thairis air gin de na freagairtean aca còmhla riutha.

Faodar càineadh a dhèanamh air fianais chloinne ma tha e a' coimhead coltach gun do dh'innis cuideigin eile dhaibh dè a bu chòir dhaibh a ràdh sa chùirt.

Faodar a' chùis a leigeil às ma tha e a' coimhead coltach gun deach an coidseadh.

EAGALAN AGUS DRAGHAN CUMANTA

Tha na draghan agaibh mu dheidhinn ur leanabh cudromach.

Ma tha sibh draghail gum faod pàirt sam bith dhen phròiseas laghail an leanabh agaibh a chur tromhe-chèile, tha daoine ann a dh'fhaodas comhairle agus taic a thoirt dhuibh.

Tha duilleag 6 a' tairgsinn fiosrachadh mu dheidhinn cò a dh'fhaodas cuideachadh ann a bhith a' freagairt ur ceistean.

Faodaidh an leanabh agaibh a bhith:

- air eucoir fhulang
- an sàs ann an imeachdan cùirte èisteachd chloinne
- na fhianais ann an cùis
- fo chasaid ann an cùis lagha agus a' toirt seachad fianais mar fhianais.

Tha cuid de chloinn ann a dhèiligeas gu math ri bhith nam fianaisean ach faodaidh e a bhith iomagaineach agus duilich airson feadhainn eile.

'S e rud nàdarra a tha ann gum biodh fianais òg a' faireachdainn iomagaineach agus bu chòir dhuibh am brosnachadh gu bruidhinn ribh mu na tha a' dèanamh dragh dhaibh.

Seo cuid de rudan cumanta a tha clann air a ràdh a tha a' dèanamh an dragh as motha dhaibh.

- **A' faicinn cuideigin bho bheil eagal aca sa chùirt:**
Bruidhinn mu dheidhinn seo ri neach-casaid a' chrùn, an neach-lagha no an neach-aithris. Ma dh'fhaodte gun gabh rudan sònraichte dèanamh sa chùirt gus nach fheum an leanabh agaibh an neach a tha a' cur an eagail orra fhaicinn. Tha an lagh air cumhachdan sònraichte a thoirt don chùirt airson taic a thoirt don leanabh agaibh an uair a tha iad a' toirt seachad an fhianais aca. Tha fiosrachadh mun deidhinn seo air a mhìneachadh nas fhaide air adhart anns an leabhran.
- **An t-eagal a bhith orra an fhìrinn innse:**
Ath-mhisnich an leanabh agaibh gur e an obair a tha aig fianais a' chùirt a chuideachadh agus gu bheil e ceart an fhìrinn innse.
- **Mar a dhèiligeas tu ri ceistean:**
Can ris an leanabh agaibh an ùine a ghabhail agus èisteachd gu cùramach. Chan fheum cabhag a bhith orra. Mura bheil iad a' tuigsinn rudeigin, tha e ceart gu leòr sin a ràdh. Mura tèid aca air cuimhneachadh, tha e ceart gu leòr sin a ràdh.

- **Dè ma thig iad troimhe-chèile?:**

Tha nàire air mòran chloinne gun dèan iad glaoicean dhiubh fhèin no gum bi na daoine anns a' chùirt a' smaointinn gu bheil iad gòrach. Tha e ceart gu leòr cuideachd innse don chùirt ma tha iad a' dol troimhe-chèile agus ma tha iad a' faireachdainn gum feum iad faigheachd airson fois a ghabhail.

- **Dè a bu chòir a ràdh san sgoil no ri caraidean:**

Is dòcha gum biodh e na chuideachadh do neach-teagaisg fios a bhith aca gu bheil an leanabh agaibh a' dol tro àm duilich. Chan fheum clann eile faighinn a-mach. Tha e an urra ribhse agus ris an leanabh agaibh co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh dè a chanas sibh ri daoine eile.

ATHARRACHADH ANN AN GIÙLAN

Tha uiread de dhragh air beagan chloinne mu bhith nam fianaisean, 's gum faod e buaidh a thoirt air an cuid giùlan bho latha gu latha.

Feuch gun innis sibh do neach-casaid a' chrùin, neach-lagha, neach-aithris, na poileis no neach-obrach-sòisealta ma tha trioblaidean sònraichte air a bhith aig an leanabh agaibh.

Bu chòir dhuibh an-còmhnaidh feuchainn ri èisteachd ris na tha an leanabh agaibh ag ràdh, fiù's mura bheil thu a' tuigsinn carson a tha iad gan giùlan fhèin ann an dòigh shònraichte.

Is e an rud as cudromaiche gum biodh fios aig an leanabh agaibh gum faod iad innse do chuideigin gu bheil iad draghail, gum faod iad bruidhinn mu dheidhinn na faireachdainnean aca agus an taic a tha a dhìth orra fhaighinn.

Ma tha tòrr thrioblaidean aig an leanabh agaibh, 's dòcha gum biodh sibh airson's gum faigheadh iad leigheas no comhairle. Uaireannan faodaidh seo a bhith na dheagh bheachd. Bidh sibh 's dòcha airson bruidhinn ris an dotair agaibh no ri neach-obrach sòisealta mu dheidhinn seo. Chan fheum dàil a chur ann an leigheas no comhairleachadh. Feuch gun cuimhnich sibh innse do neach-casaid a' chrùin, an neach-lagha no an neach-aithris ma tha dùil gun tòisich an leigheas no an comhairleachadh ron chùis lagha.

Innis don leanabh agaibh:

- **tha e an-còmhnaidh ceart gu leòr an fhìrinn innse**
- **tha iad a' dèanamh obair fìor chudromach**
- **chan eil uallach orra airson na roghnaicheas a' chuir a dhèanamh**

NA H-EAGALAN AGUS NA DRAGHAN AGAIBH FHÈIN

Tha mòran phàrantan feumach air taic aig an àm seo cuideachd. Chan eil e neo-àbhaisteach gum biodh cuid de phàrantan a' faireachdainn feargach mu dheidhinn na tha air tachairt agus draghail mu dheidhinn ciamar a thèid aca air taic a chumail ris an leanabh aca. Na biodh iomagain no nàire sam bith oirbh mu dheidhinn nam faireachdainnean agaibh fhèin. Tha daoine ann ris am faod sibh tionndadh airson cuideachadh no comhairle.

Uaireannan, faodaidh e a bhith duilich na faireachdainnean agaibh a chumail falaichte fad an t-siubhail an uair a tha an leanabh agaibh mun cuairt. Ma tha an leanabh agaibh a' smaointinn gu bheil thu feargach no troimhe-chèile, ma dh'fhaodte gum bi dragh orra gur e a' choire acsan a th'ann. Faodaidh seo cur ris na draghan aca fhèin. Feuch ris an leanabh agaibh ath-mhisneachadh nach eil sibh feargach leothasan.

Tha a h-uile coltas gum bi sibh fhèin agus an leanabh agaibh a' faireachdainn nas misneachaile agus gun a bhith cho draghail ma tha sibh a' tuigsinn na thachras roimhe agus tron chùis lagha. Ma chaidh an leabhran seo a thoirt dhuibh, bu chòir **leabhran fianais** a bhith aig an leanabh no aig a chloinn agaibh cuideachd, a rèir dè an aois a tha iad.

Tha dà leabhran ann: fear airson clann òga agus fear airson clann òga suas gu aois 15.

Tha e cudromach gun leugh an leanabh agaibh an leabhran aca no gun leugh cuideigin dhaibh e agus a chuidicheas iad a thuigsinn na tha e a' ciallachadh a bhith nad fhianais.

CÒ A DH'FHAODAS TAIC A THOIRT DHUIBH AGUS NA CEISTEAN AGAIBH A FHREAGAIRT?

Neach-casaid a' chrùin: Is e neach-casaid a' chrùin an neach-lagha a tha a' dèanamh a cho-dhùnaidh co dhiubh a bu chòir cùis eucorach a thoirt gu cùirt. Thèid aca air cuid de na ceistean agaibh a fhreagairt.

Fiosrachadh agus Comhairle Luchd-fulaing (FCLF): Ma dh'fhaodte gun deach litir a chur thugaibh agus bileagan eile bho chuideigin aig FCLF a tha ag obair còmhla ri neach-casaid a' chrùin. Innsidh na bileagan aca dhut mu na diofar mhodhan cùirte. Faodaidh sibh fios a chur gu FCLF ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mun chùis agus gus bruidhinn mu dhraghan no duilgheadasan an leanabh agaibh.

Neach-aithris na cloinne: Ann an cùisean cùirte èisteachd chloinne, is e neach-aithris na cloinne a tha a' coimhead as dèidh ùidhean an leanabh. Ann an cuid de chùisean tha neach-dìona ann cuideachd, a choimheadas as dèidh ùidhean an leanabh. Bidh iad air chomas cuid de na ceistean agaibh a fhreagairt agus taic a bharrachd a chur air dòigh dhuibh, 's dòcha tro neach-obrach sòisealta.

Luchd-lagha: Uaireannan ann an cùisean eucorach no cùisean lagha èisteachd chloinne, faodaidh neach-lagha leanabh a ghairm mar fhianais. Bu chòir don neach-lagha fiosrachadh a thoirt dhuibh agus faodaidh e/i ur stiùireadh gu Seirbheis Fhianais na cùirte airson tuilleadh cuideachaidh agus comhairle.

Am poileas: Is dòcha gu bheil an leanabh agaibh air bruidhinn ri oifigear poileis. Ma dh'fhaodte gum bi iadsan comasach air do chuideachadh gus faighinn a-mach dè a tha a' tachairt leis a' chùis lagha.

An neach-obrach sòisealta: Is dòcha gu bheil an leanabh agaibh cuideachd air bruidhinn ri neach-obrach sòisealta. Faodaidh luchd-obrach sòisealta taic a chumail ri cloinn (agus inbhich) a tha feumach air cuideachadh a bharrachd. Ma dh'fhaodte gum bi an oifis obair shòisealta ionadail agaibh comasach air beagan comhairle a thoirt dhuibh mu bhuidhnean taice no comhairleachaidh eile.

Seirbheis Fianais Taic Luchd-fulaing Alba: Tha seirbheis fhianais aig gach cùirt siorraidh agus àrd chùirt a tha a' tairgsinn comhairle, cuideachadh agus taic airson fianais, pàrant no neach-cùraim sam bith a dh'iarras cuideachadh. Mar as trice tha Seirbheis an Fhianais a' cur chuaritean air dòigh chun na cùirte. Is dòcha gu bheil FCLF air fiosrachadh a thoirt dhuibh mu dheidhinn nan seirbheis seo cuideachd.

Seirbheisean Taic Luchd-fulaing Alba a tha stèidhichte sa choimhearsnachd: Tha luchd-obrach saor-thoileach ann a tha air an trèanadh airson taic a chumail ri luchd-fulaing eucoir a dh'fhaodas taic thòcail agus phragtaigeach agus fiosrachaidh a chumail ri luchd-fulaing eucoir agus cuid de dh'fhianaisean. Tha seo a' toirt a-steach clann agus daoine òga agus na pàrantan aca.

Ma dh'fhaodte gu bheil sibh airson cùl an leabhraìn seo a chleachdadh airson ainmean agus àireamhan fon nan daoine agus nan aonadan a tha gar cuideachadh gu dìreach a sgrìobhadh sìos.

A' TOIRT CÙIS GU CÙIRT

Ma tha an leanabh agaibh na fhianais, ma dh'fhaodte gu bheil e a' ciallachadh gu bheil iad air:

- eucoir fhulang;
- rudeigin fhaicinn no a chluinntinn co-cheangailte ri eucoir no
- a bhith an sàs, gu dìreach no gu neo-dhìreach, ann an cùis lagha èisteachd chloinne.

Is dòcha gu bheil an leanabh agaibh air aithris a thoirt don phoileas, no do neach-lagha mar-thà. Bidh am poileas air aithisg a chur gu neach-casaid a' chrùin agus/no neach-aithris na cloinne.

Tha neach-casaid a' chrùin a' dèanamh co-dhùnadh neo-eisimeil a thaobh co dhiubh a bu chòir do chùis eucorach a dhol gu cùirt.

Tha neach-aithris na cloinne a' dèanamh co-dhùnadh neo-eisimeil a thaobh co dhiubh a dh'fheumas cùis a dhol gu èisteachd chloinne. Faodaidh an t-èisteachd sin an uairsin a' chùis a ghluasad don chùirt.

Mar as trice thèid **cùis eucorach** gu cùirt ma tha e a' coimhead coltach gu bheil fianais gu leòr ann gun deach eucoir a dhèanamh le neach sònraichte. Ma nì an neach tagradh 'neo chiontach', bidh cùis-lagha ann agus bithear a' sùileachadh gun toir fianaisean fianais seachad. Cluinnidh am britheamh agus 's dòcha diùraidh an fhianais gu lèir agus ruigidh iad co-dhùnadh co dhiubh a tha an neach a tha fo chasaid ciontach no nach eil. Ma thèid an neach a tha fo chasaid fhaighinn ciontach, nì am britheamh co-dhùnadh mu dheidhinn peanas sam bith. Faodaidh sibh leughadh mu dheidhinn nam modhan cùirte seo anns na leabhraichean bho FCLF.

Thèid **cùis èisteachd chloinne** gu cùirt mura bheil na daoine a tha na luib ag aontachadh mu na thachair no ma tha an leanabh ro òg airson tuigsinn. Sa chùirt, cluinnidh an siorraidh an fhianais gu lèir agus nì e/i co-dhùnadh ma tha rudeigin air tachairt no ma chaidh na draghan mun leanabh a dhearbhadh. Ma dh'aontaicheas an siorraidh ri cùis an neach-aithris, thèid a chur air ais gu èisteachd chloinne gus co-dhùnadh dè an cuideachadh a tha a dhìth airson an leanabh. Chan ann aig an t-siorraidh a tha am facal mu dheireadh idir; thèid sin a cho-dhùnadh aig an èisteachd chloinne as dèidh sin.

Ro-fhiosrachadh: An uair a tha neach-casaid a' chrùn a' deasachadh cùis eucorach, cuiridh e no i litir no 'sumanadh' thugaibh airson coinneachadh agus bruidhinn ris an leanabh agaibh. Is e ro-fhiosrachadh a theirear ris an aithris a thèid a ghabhail aig a' choinneimh seo.

Mar as trice tha an neach-aithris aig cùis lagha èisteachd chloinne an urra ri aithisgean agus aithrisean airson a' chùis a dheasachadh, ach uaireannan 's dòcha gum bi iad airson coinneachadh ris an leanabh agaibh airson ro-fhoisrachadh no deasachadh coitcheann. Uaireannan faodar neach-dìona ainmeachadh gus coimhead as dèidh ùidhean an leanabh agaibh, agus faodaidh e tadhal air an leanabh agaibh gus cuideachadh a thoirt seachad a thaobh deasachadh.

Is dòcha gun cuir luchd-lagha eile fios oirbh cuideachd airson bruidhinn ris an leanabh agaibh. Is e modh-obrach àbhaisteach a tha seo agus faodaidh e a bhith cuideachail. Bu chòir dhuibhse agus an leanabh agaibh co-dhùnadh càit' an tèid na h-agallamhan sin a dhèanamh. Ma dh'fhaodte nach eil sibh ag iarraidh air an luchd-lagha a thighinn chun na dachaigh agaibh, no 's dòcha gur e sin as fheàrr a fhreagras oirbh.

Faodaidh aon no barrachd luchd-lagha fios a chur oirbh. Ma tha an leanabh agaibh troimhe-chèile mu ghin sam bith de na h-agallamhan seo 's dòcha gum biodh sibh airson cead a dhiùltadh airson agallamh a dhèanamh leis an leanabh agaibh.

Bu chòir dhuibh an-còmhnaidh beachdachadh air a seo leis an neach a tha air an leanabh agaibh a ghairm mar fhianais.

Mar as trice tha e iomchaidh gum biodh neach taice còmhla ris an leanabh agaibh aig agallamhan sam bith. Bu chòir dhuibh smaointinn mu dheidhinn cò a bhiodh an leanabh agaibh ag iarraidh airson taic a thoirt dhaibh. Mar eisimpleir, 's dòcha gur e sibh fhèin a bhiodh a sin, cuideigin eile a tha càirdeach, caraid teaghlaich, neach-obrach sòisealta no cuideigin bho FCLF. Uaireannan, 's dòcha nach biodh e freagarrach ma tha an neach-taice cuideachd na fhianais anns a' chùis.

Uaireannan chan fheum neach a tha fo chasaid neach-lagha agus faodaidh iad agallamhan iarraidh le fianaisean an uair a tha iad a' deasachadh na cùise aca. Ma thachras seo, agus mura bheil sibh cinnteach dè a nì sibh, bu chòir dhuibh bruidhinn ris an neach a ghairm an leanabh agaibh airson a bhith na fhianais.

Tha e cudromach fios a bhith agaibh nach eil an lagh a' ceadachadh gun tèid aig an neach a tha fo chasaid air agallamh a dhèanamh leis an leanabh agaibh, ma tha:

- an leanabh agaibh fo aois 12;
- an neach a tha fo chasaid fo chasaid a' buntainn ri eucoir fòirneart no giùlan mì-bheusach; no
- an leanabh agaibh air giùlan mì-bheusach fhulang aig aois sam bith.

CEANN-LATHA NA CÙIRTE, CÙIRTEAN AGUS IMEACHDAN CÙIRTE

As dèidh ro-fhiosrachadh, gheibh an leanabh agaibh an uairsin sumanadh eile no litir a' toirt dhaibh ceann-latha an uair a thòisicheas a' chùis lagha.

Is e brath foirmeil a tha seo a bhith an làthair sa chùirt mar fhianais. Chan fhaodar seo a sheachnadh.

Tha e cudromach gu bheil fios aig an leanabh agaibh gum feum iad a bhith an làthair sa chùirt mar a tha air a chomharrachadh anns an t-sumanadh.

Bu chòir dhuibh innse do neach-casaid a' chrùin, neach-aithris no an neach-lagha sa bhad ma tha adhbhar cudromach ann carson a dh'fhaodadh an ceann-latha air an t-sumanadh sin a bhith duilich dhuibhse no don leanabh agaibh, mar eisimpleir, ma tha an leanabh agaibh a' suidhe deuchainn san sgoil.

Tha cùirtean air feadh Alba agus tha iad a' dèiligeadh ri diofar sheòrsachan chùisean.

Imeachdan sòlamaichte: Is e cùisean eucorach a tha seo le diùraidh airson co-dhùnadh a ruighinn. Tha an diùraidh air a dèanamh suas le 15 ball dhen phoball. Feumaidh iad èisteachd ris an fhianais gu lèir agus co-dhùnadh a ruighinn.

Geàrr-imeachdan: Is e cùisean eucorach a tha seo as aonais diùraidh. Is e an siorraidh a tha a' dèanamh a' cho-dhùnaidh.

Imeachdan cùirte èisteachd chloinne: Tha iad seo gu math nas neo-fhoirmeile. Uaireannan bithear a' cluinntinn chùisean ann an seòmar nas lugha seach cùirt agus chan eil buill dhen phoball an làthair. Chan eil diùraidh ann agus 's e an siorraidh a tha a' dèanamh a' cho-dhùnaidh an-còmhnaidh.

ANNS AN T-SEÒMAR-CÙIRTE

Am Britheamh no an Siorraidh: Tha am britheamh no an siorraidh os cionn imeachdan na cùirte uile. Is e an obair acasan dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile dad air a dhèanamh gu cothromach air taobh a-staigh an lagha agus gu bheil a cumail ri riaghailtean na cùirte agus imeachdan laghail.

Neach-casaid a' Chrùin no Leas Thagraiche: Seo neach-lagha a' chrùin a tha 's dòcha air iarraidh air an leanabh agaibh a bhith na fhianais ann an cùis lagha eucorach. Faighnichidh iad ceistean sa chùirt gus an tèid aig na fianaisean air an fhianais aca a thoirt seachad.

An Neach-aithris: Seo an neach a tha a' coimhead as dèidh ùidhean an leanabh ann an cùisean lagha èisteachd chloinne agus 's dòcha gun do dh'iarr e/i air an leanabh agaibh a bhith nam fianais. Faighnichidh iad ceistean sa chùirt gus an tèid aig an leanabh agaibh air an fhianais aca a thoirt seachad.

Luchd-lagha eile: Faodaidh aon no barrachd luchd-lagha a bhith sa chùirt. Faodaidh iad ceistean fhaighneachd mu dheidhinn fianais neach-fianais. Ma dh'fhaodte gur e neach-lagha an neach a dh'iarr air an leanabh agaibh a bhith na fhianais.

An diùraidh: Ann an cuid de chùisean, 's e an diùraidh a nì co-dhùnadh mu co dhiubh a chaidh an lagh a bhriseadh. Tha 15 neach air diùraidh agus cha bhì fios aca air dad mu dheidhinn na cùise mus tòisich e. Èistidh iad ris an fhianais agus nì iad co-dhùnadh ma chaidh an lagh a bhriseadh.

An neach a tha fo chasaid: Ann an cùis eucorach, bidh an neach a tha fo chasaid an lagh a bhriseadh an-còmhnaidh anns an t-seòmar-cùirte agus thèid aca air a h-uile rud fhaicinn agus a chluinntinn.

Am poball: Mar as trice tha cùirtean eucorach fosgailte don phoball, mar sin 's dòcha gum bi daoine nan suidhe aig cùl an t-seòmair-cùirte ag èisteachd ris na fianaisean agus an luchd-lagha. An uair a tha daoine òga a' toirt seachad fianais sa chùirt, gu sònraichte ma dh'fhaodas an fhianais a bhith mu dheidhinn giùlan mì-bheusach, faodaidh am britheamh iarraidh air a' phoball gu lèir a' chùirt fhagail. Innis do chuideigin dè a tha an leanabh agaibh a' smaointinn mu dheidhinn seo.

Chan fhaod buill dhen phoball faighinn a-steach an uair a tha cùirt a' dèiligeadh ri cùis lagha èisteachd chloinne.

Ann an cùisean lagha èisteachd chloinne, faodaidh an teaghlach, no daoine eile a tha an sàs gu dìreach sa chùis, a bhith an làthair anns an t-seòmar-cùirte. Ma chaidh neach-dìona ainmeachadh, faodaidh iadsan a bhith an làthair cuideachd.

Ann an cùisean far nach eil a' chùirt a' dèiligeadh ri èisteachdan chloinne, tha am bhrìtheamh agus an luchd-lagha a' cur orra gùna air uachdar nan aodaichean àbhaisteach aca a thuilleadh air faraghruag. An uair a tha neach òg na fhianais, thathar ag iarraidh gu math tric air a' bhrìtheamh agus an luchd-lagha na gùnaichean agus na faraghruagan fhàgail dhiubh airson's nach bi iad a' coimhead cho foirmeil. Bu chòir dhuibh faighneachd don leanabh agaibh am b' fheàrr leotha nan tachradh seo.

A' TOIRT SEACHAD FIANAIS

Is dòcha nach bi gin de na h-inbhich anns a' chùirt air coinneachadh ris an leanabh agaibh roimhe, m.e. neach-casaid a' chrùin no an neach-aithris. Is dòcha gum faigh an leanabh agaibh air coinneachadh ris an luchd-lagha a bhios a' faighneachd nan ceistean mus tòisich iad air an cuid fianais a thoirt seachad. Is dòcha gum bi an leanabh agaibh nas socraiche as dèidh seo.

Ma tha sibh a' smaointinn gun cuidicheadh e an leanabh agaibh coinneachadh ris an luchd-lagha uile, innis don neach a chur thugaibh an sumanadh.

Thèid fianaisean a ghairm don chùirt aon ma seach airson an cuid fianais a thoirt seachad.

Cuimhnich innse do neach-casaid a' chrùin, an neach-aithris no an neach-lagha mura bheil an leanabh agaibh airson 's gun tèid an seòladh aca a leughadh a-mach don chùirt.

CEASNACHADH AGUS CRUAIDH CHEASNACHADH

Gheibh neach-casaid a' chrùin no an neach-aithris agus a h-uile neach-lagha cothrom ceistean fhaighneachd a chuidicheas an leanabh agaibh na tha fios aca innse, agus airson a dhearbhadh gu bheil iad ag innse na firinn. Is e ceasnachadh agus cruaidh-cheasnachadh a theirear ris an-seo.

Tha e cudromach gu bheil an leanabh agaibh a' tuigsinn gum bu chòir dhaibh dìreach cumail orra ag innse na firinn.

Faodaidh cuid de cheistean a bhith gu math pearsanta agus tha e cudromach gu bheil fios aig an leanabh agaibh gu bheil e ceart gu leòr na ceistean seo a fhreagairt fiù's ma dh'fheumas iad faclan a chleachdadh a tha gan nàrachadh.

Tha grunn cheumannan a chuidicheas an leanabh agaibh fianais a thoirt seachad. Tha na ceumannan sònraichte seo air am mìneacadh anns an leabhran seo agus ann an leabhranan eile airson cloinn agus daoine òga. Bu chòir dhuibh leabhar an leanabh agaibh a leughadh agus feuchainn ri thoirt orra a thuigsinn gu dè a tha e a' ciallachadh a bhith nad fhianais. Faodaidh seo an cuideachadh gu bhith nas misneachaile.

Bu chòir dhuibh feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil an leanabh agaibh a' tuigsinn gu bheil e ceart gu leòr a ràdh nach eil iad a' tuigsinn ceist. Bu chòir dhuibh cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil fios aca gu bheil e ceart gu leòr daoine a cheartachadh anns an t-seòmar-cùirte mura bheil iad air am freagairt aca a thuigsinn ceart.

A' COMHARRACHADH NEACH

Is dòcha gu bheil an leanabh agaibh air cuideigin a chomharrachadh cheana mus tàinig iad gu cùirt. Is dòcha gu bheil iad air a bhith an làthair aig pairèid aithneachaidh no rudeigin coltach. Ma tha, 's dòcha nach fheum iad a dhèanamh a-rithist sa chùirt.

Ach ann an cuid de chùisean, ma dh'fhaodte gum feum an leanabh agaibh an neach mu bheil iad a' bruidhinn a 'chomharrachadh' sa chùirt.

Faodar seo a dhèanamh ann an diofar dhòighean.

- Faodar iarraidh air an leanabh agaibh coimhead timcheall an t-seòmair-cùirte agus an neach a chomharrachadh ma tha iad gam faicinn.
- Faodar iarraidh air cuideigin eile a bhith na fhianais gus an tèid aca air innse don chùirt cò mu dheidhinn a tha an leanabh agaibh a' bruidhinn. Dh'fhaodadh seo tachairt ma tha an leanabh eòlach air an neach agus gun tèid aca air iomradh a thoirt orra le ainm.

CEUMANNAN SÒNRAICHTE A THA AIR CHOTHROM AIRSON FIANAIS A THOIRT SEACHAD

Faodaidh an lagh leanabh a chuideachadh a bhith na fhianais le bhith a' meudachadh an àireamh de cheumannan taic a tha rim faotainn gus an cuideachadh le barrachd com-pàirteachas a ghabhail an dà chuid ann an imeachdan cùirte eucorach no èisteachd chloinne. **Is e 'ceumannan sònraichte' a theirear riutha seo.**

Tha cuid de cheumannan sònraichte coitcheann agus tha a h-uile leanabh a tha nam fianais airidh air an cleachdadh.

Is iad seo, feum a dhèanamh de:

- cheangal telebhisean air taobh a-muigh an t-seòmair-cùirte
- scrion anns an t-seòmair-cùirte
- neach-taice còmhla ris a' cheangal telebhisean no an scrion.

Thèid fhaighneachd don leanabh agaibh an fheàrr leotha scrion no ceangal telebhisean a chleachdadh an uair a tha iad a' toirt seachad fianais sa chùirt. Tha e fìor chudromach gu bheil cothrom aig an leanabh agaibh a tuigsinn dè a th' anns na ceumannan sònraichte seo agus a ràdh dè am fear a b'fheàrr leotha a chleachdadh.

Feumaidh neach-casaid a' chrùin, an neach-aithris no an neach-lagha innse dhuibh agus don leanabh agaibh mu dheidhinn nan ceumannan sònraichte.

Thèid suim a chur anns na beachdan agaibh.

Bu chòir innse dhuibh an-còmhnaidh dè na ceumannan sònraichte a chaidh aontachadh gus an tèid agaibh air an leanabh agaibh a chuideachadh ann a bhith a' deasachadh.

A' CLEACHDADH SCRION

Faodaidh cleachdadh scrion anns an t-seòmar-cùirte a bhith na chuideachadh mura bheil an leanabh agaibh:

- draghail mu dheidhinn a bhith a' dol a-steach don t-seòmar-cùirte agus bruidhinn mu choinneamh a' bhrithheimh agus an luchd-lagha agus 's dòcha diùraidh,
- agus ma tha e/i draghail mu dheidhinn a bhith a' faicinn an neach a tha fo chasaid no neach eile mu bheil iad 's dòcha a' toirt seachad fianais.

Tha an scrion air a chur suas mar 'sgaradh seòmair' no cùirtear ri taobh bogsa nam mionnan, eadar an leanabh agaibh agus an neach eile. Chan fhaic an leanabh agaibh duine sam bith air an taobh eile dhen scrion.

Tha e cudromach gu bheil fios aig an leanabh agaibh gun tèid aig an neach a tha fo chasaid agus na daoine eile air taobh eile na scrion air am faicinn air telebhisean bheag sa chùirt an uair a tha iad a' toirt seachad an fhianais aca.

Ma tha an leanabh agaibh ag iarraidh neach-taice, thèid aca air suidhe còmhla riutha fiù's an uair a thathar a cleachdadh na scrion.

A' CLEACHDADH CEANGAL TELEBHISEAN

Ma tha an leanabh agaibh dualach a bhith gu sònraichte iomagaineach mu bhith ann an seòmar-cùirte làn dhaoine, 's dòcha gum biodh e na b' fheàrr dhaibh an ceangal telebhisean a chleachdadh.

Cuidichidh seo ma 's e 's:

- gu bheil iad uamhasach sianta mu bhith a' bruidhinn mu choinneamh tòrr choigrich;
- nach eil iad airson a bhith anns an aon sheòmar ris an neach a tha fo chasaid no neach sam bith eile.

Tha an seòmar ceangal telebhisean air leth bhon t-seòmar-cùirte. Mar as trice tha e anns an aon togalach ris a' chùirt ach faodar cuideachd a chur suas ann an togalach eile airson cuid de chloinn fo aois 12, agus cuid de chloinn eile ma tha adhbhar sònraichte ann carson nach bu chòir dhaibh a thighinn gu cùirt.

Tha an telebhisean ceangailte ris an t-seòmar-cùirte far a bheil telebhiseanan agus camarathan aig a' bhritheamh agus an luchd-lagha cuideachd. Tha smachd aig a' bhritheamh air na camarathan uile.

An uair a tha iad seo air an tionndadh air, chì agus cluinnidh an leanabh agaibh am britheamh no an luchd-lagha. duine ma seach, agus chì agus cluinnidh iadsan an leanabh agaibhse.

Dèan cinnteach gu bheil an leanabh a' tuigsinn ged a tha an ceangal telebhisean a' ciallachadh nach fhaic iad an neach fo chasaid no neach eile, bidh an neach a tha fo chasaid no neach eile fhathast air chomas an leanabh fhaicinn agus a chluinntinn an uair a tha iad a' toirt seachad an fhianais aca.

A' CLEACHDADH NEACH-TAICE

Ma tha an leanabh agaibh air scrion no ceangal telebhisean a thaghadh, bidh a' chùirt cuideachd airson faighinn a-mach am biodh iad ag iarraidh neach-taice a shuidheadh còmhla riutha an uair a tha iad a' toirt seachad an fhianais aca.

Faodaidh neach-taice an leanabh agaibh a chuideachadh gun a bhith cho iomagaineach le bhith a' suidhe faisg orra an uair a tha ceistean gan cur orra. Chan fhaod iad an leanabh agaibh a chuideachadh gus ceistean a fhreagairt agus chan fhaod iad stad a chur orra no innse dhaibh dè a bu chòir dhaibh a ràdh. Faodaidh iad taic agus ath-mhisneachadh a thairgsinn mus toir an leanabh agaibh fianais seachad agus faodaidh iad companas a chumail ris an leanabh agaibh an uair a tha bristidhean sam bith san fhianais.

Faodaidh e a bhith gu math duilich co-dhùnadh a dhèanamh cò a bu chòir a bhith na neach-taice, mar sin feumaidh sibh èisteachd gu cùramach ri mar a tha an leanabh agaibh a' faireachdainn mu dheidhinn seo. Bu chòir gur e cuideigin a th' ann a tha an leanabh agaibh air a choinneachadh agus a' faireachdainn comfhurtail leis, gus nach eil iad a' faireachdainn cho iomagaineach mu bhith a' toirt seachad an fhianais aca.

Tha mòran phàrantan agus luchd-cùraim dhen bheachd gur e iadsan an neach-taice as fheàrr agus gur e iadsan a bu chòir suidhe còmhla ris an leanabh aca tron cheasnachadh. Ach, tha cuid de rudan ann air am biodh sibh 's dòcha airson beachdachadh:

- ma tha sibhse air ur gairm mar fhianais cuideachd, chan urrainn dhuibh a bhith na neach taice don leanabh agaibh nas lugha na tha sibh air an fhianais agaibh a chrìochnachadh;
- faodaidh cuid de chloinn a bhith uamhasach fèin-mhothachail agus bidh iad airson ur dìon bho bhith a' cluinntinn fiosrachadh mionaideach mun chùis. Is dòcha gum bi an leanabh agaibh a' faireachdainn nas comfhurtaile le cuideigin eile a tha càirdeach no cuideigin bho bhuidheann taic;
- faodaidh cuid de chloinn ath-mhisneachd fhaighinn ma tha fios aca gu bheil sibh a' feitheamh riutha ann an seòmair eile;
- ma dh'fhaodte gu bheil tuilleadh is cus fiosrachaidh agaibh mu dheidhinn na cùise mar-thà agus gur dòcha gum bi a' chùirt dhen bheachd gum faodadh sibh buaidh a thoirt air na chanas an leanabh agaibh.

Feumaidh sibh cuideachd smaoinneachadh mun dòigh a dh' fhaodadh sibh cùisean a làimhseachadh ma chluinneas sibh fianais an leanabh agaibh. Ma tha sibh a' smaointinn gum faodadh e ar cur troimhe-chèile sa chùirt, dh'fhaodadh seo an leanabh agaibh a chur troimhe-chèile cuideachd, mar sin 's dòcha gun co-dhùn sibh gum biodh e na b'fheàrr don leanabh agaibh nam fuiricheadh sibh san t-seòmar feitheimh.

Ann an cùisean eucorach, tha e gu math cumanta gum biodh riochdaire bho Sheirbheis an Fhianais a' suidhe còmhla ris a' chloinn an uair a tha iad a' toirt seachad an fhianais aca. Faodaidh neach-taic a bhith bho bhuidheann taice eile, cuideigin eile a tha càirdeach, caraid don teaghlach, neach-obrach sòisealta no neach-teagaisg.

Anns na cùisean seo, faodaidh Seirbheis an Fhianais no FCLF sibh fhèin agus an leanabh agaibh a chuideachadh mar as trice gus co-dhùnadh a dhèanamh.

Ann an cùisean cùirte èisteachd laghail, cuidichidh an neach-aithris no an neach-dìona sibh fhèin agus an leanabh agaibh gus co-dhùnadh a dhèanamh.

Mura bheil an leanabh agaibh a' cleachdadh scrion no ceangal telebhisean, 's dòcha gum bi iad fhathast ag iarraidh neach-taice sa chùirt agus bu chòir dhuibh bruidhinn ris an neach a dh'iarr orra a bhith nam fianais mu dheidhinn seo.

TUILLEADH CHEUMANNAN SÒNRAICHTE

Tha beagan cheumannan sònraichte a bharrachd a dh'fhaodas an leanabh agaibh a chuideachadh ach tha iad seo an urra ri cead na cùirte. Faodaidh an luchd-lagha, FCLF, Seirbheis an Fhianais no an neach-aithris barrachd innse dhuibh mun deidhinn seo agus mar a tha iad a' freagairt air a' chùis.

Ma bha bhideo no agallamh teip chlàraichte eadar an leanabh agaibh agus am poileas, no aithris sgrìobhte, 's dòcha gun tèid cead iarraidh air a' bhritheamh seo a chluiche no a leughadh a-mach sa chùirt.

Is dòcha gun tèid iarraidh air an leanabh agaibh coimhead no èisteachd agus ma dh'fhaodte gun tèid tuilleadh cheistean a chur orra an uairsin. Is dòcha gum bi iad airson scrion no ceangal telebhisean a thaghadh airson seo a dhèanamh.

Is e 'aithris ro-làimh' a theirear ris a' cheum sònraichte a bharrachd seo.

A-mach bhon t-Samhain 2005, ann an cuid de chùisean, faodaidh neach-casaid a' chrùin, an neach-aithris no an neach-lagha iarraidh air a' chùirt fianais an leanabh agaibh a chluinntinn mus tòisich a' chùis lagha. Faodaidh seo a bhith cuideachail ma tha dàil mhòr gu bhith anns a' chùis lagha.

Is e a' gabhail fianais air choimisean a theirear ris a seo.

Ma tha iad a' beachdachadh air a seo, bruidhnidh iad ribh agus mìnichidh iad dè a tha e a' ciallachadh agus ciamar a nithear e.

NA BEACHDAN AGAIBH FHÈIN AGUS AN LEANABH AGAIBH

Feumar fhaighneachd do chloinn uile dè na ceumannan sònraichte a tha iad ag iarraidh a chleachdadh an uair a tha iad a' toirt seachad an cuid fhianais. Thèid na beachdan agaibh fhèin iarraidh oirbh cuideachd.

Tha e gu math cumanta gum biodh easaonta eadar leanabh agus am pàrant no an neach-cùraim aca mu na ceumannan sònraichte a bu chòir a chleachdadh.

Tha e nàdarra do phàrant no neach-cùraim a bhith ag iarraidh an leanabh aca a dhìon cho math 's as urrainn dhaibh, ach uaireannan faodaidh an leanabh agaibh a bhith a' faireachdainn nas misneachaile na tha sibh a' smaointinn. Bheir a' chùirt aire shònraichte do na tha an leanabh agaibh ag iarraidh.

Misnich an leanabh agaibh gus innse do neach-casaid a' chrùin, an neach-aithris, FCLF no an neach-lagh dè na rudan a tha a' dèanamh dragh dhaibh. Thèid acasan an uairsin air tuilleadh comhairle a thairgsinn air na diofar cheumannan sònraichte agus an leanabh agaibh a chuideachadh gus co-dhùnadh dè am fear as fheàrr dhaibhsan.

Is dòcha gu bheil beachd aig an leanabh agaibh mar-thà as dèidh an leabhran fianais aca a leughadh, no 's dòcha gum feum iad tadhal air seòmar-cùirte mus dèan iad suas an inntinn. Faodaidh e a bhith comasach cuideachd sùil a thoirt air seòmar-cùirte agus na ceumannan sònraichte air CD ROM.

Cuimhnich gum faod na tha inbhich a' smaointinn buaidh a thoirt air cloinn agus gum bu chòir dhuibh feuchainn ri èisteachd ris an leanabh agaibh agus gun a bhith a' toirt buaidh air a' cho-dhùnadh aca.

Is dòcha nach bi neach òg airson gin de na ceumannan sònraichte a chleachdadh agus gum b'fheàrr leotha a dhol a-steach don t-seòmar-cùirte gun chuideachadh a bharrachd sam bith. Mura bheil an leanabh agaibh airson ceum sònraichte a chleachdadh thèid suim a chur anns na beachdan aca.

Faodaidh clann cuideachd an inntinnean atharrachadh mu na ceumannan sònraichte a tha iad ag iarraidh agus bu chòir dhuibh fiosrachadh sam bith mu dheidhinn seo a thoirt don fheadhainn a tha an sàs sa chùis.

A' DOL GU CÙIRT

Tha a' chuid as motha de dh'fhianaisean a' tighinn a-steach do thogalach na cùirte tron phrìomh dhoras phoblach. An uair a ruigeas an leanabh agaibh thèid iarraidh orra suidhe anns a' phrìomh sheòmar feitheimh, 's dòcha còmhla ri fianaisean eile.

Ma tha sibh a' smaointinn gun cuireadh e an leanabh agaibh troimhe-chèile a bhith a' faicinn uiread de dhaoine aig a' chùirt agus gum biodh iad ro fhrionasach airson suidhe ri taobh fianaisean eile, bu chòir dhuibh faighneachd a bheil doras prìobhaideach agus seòmair-feitheamh prìobhaideach ann.

Faodar rudan a chur air dòigh ro-làimh agus nì luchd-obrach Seirbheis Fianais na cùirte an d'icheall an-còmhnaidh airson cuideachadh. Seo na rudan a bu chòir dhuibh bruidhinn ri FCLF no Seirbheis an Fhianais no an neach-aithris mu dheidhinn.

Ann an cùisean eucorach, mura bheil sibh nar neach-taice agus nach eil sibh nar fianais, 's dòcha gu bheil sibh a' smaointinn mu dheidhinn a bhith a' tighinn gu cùirt gus an tèid agaibh air a dhol a-steach do raon phoblach na cùirte airson èisteachd ri na thèid a ràdh. Mus dèan sibh co-dhùnadh mu dheidhinn seo, feuch ri faighinn a-mach mar a tha an leanabh agaibh a' faireachdainn mu dheidhinn seo. Ann an cuid de chùisean, tha a' chùirt a' cur a' phobaill a-mach an uair a tha clann a' toirt seachad an fhianais aca.

Bu chòir dhuibh faighneachd do luchd-obrach na cùirte co dhiubh a tha e ceart gu leòr suidhe anns an raon phoblaich.

Ann an cùisean lagha èisteachd chloinne, ma tha a' chùis mu dheidhinn an leanabh agaibh agus gur e sibhse an neach buntainneach, bidh sibh làn airidh air a bhith an làthair. Ma tha sibh a' toirt seachad fianais cuideachd, feumaidh sibh seo a dhèanamh mus toir an leanabh an fhianais acasan seachad. Faodaidh sibh seo a shoilleireachadh leis an neach-aithris.

A' FEITHEAMH

Tha e mar phoileasaidh oifigeil prìomhachas a thoirt do chùis far a bheil leanabh na fhianais agus airson àm feitheimh leanabh a chumail cho goirid sa ghabhas.

Thathar a' dèiligeadh ri cùisean cho luath sa ghabhas ach uaireannan faodaidh e ùine mhòr a thoirt mus tig cùisean eucorach gu cùirt. Fiù's as dèidh dhuibh ceann-latha fhaighinn, faodar a' chùis a chur dheth airson grunn dhiofar adhbharan. Is dòcha gu bheil seo do-sheachanta.

Ann an cùisean lagha èisteachd chloinne, tha clàran-ama sònraichte gan cleachdadh gus dèanamh cinnteach gun cluinnear a' chùis cho luath 's a ghabhas.

Bidh fios agaibh mar-thà gu bheil na cùirtean fìor thrang agus gu bheil feum air tòrr planaigh agus deasachaidh mus tòisichear air cùis sam bith.

Uaireannan cha ghabh cuid a dhuilgheadasan a leasachadh, leithid daoine a bhith tinn. Tha e nàdarra gu leòr gum biodh fianaisean agus na teaghlaidhean aca a' faireachdainn searbh mu dheidhinn dàlaichean sam bith.

Uaireann faodaidh trioblaidean nochdadh air an latha. Is dòcha gun tèid iarraidh ort tilleadh latha eile. Feuchaidh a' chùirt ris an ùine feitheimh airson clann a tha nam fianaisean a lùghdachadh.

Ma tha dragh oirbh mu dheidhinn na dàlaichean, bu chòir dhuibh bruidhinn ri neach-casaid a' chrùin, an neach-aithris no an neach-lagha.

Fiù's an uair a tha a' chùis air tòiseachadh, faodaidh dàlaichean èirigh agus feumaidh cuid de chloinn feitheamh ùine gu math fada mus faigh iad air an fhianais aca a thoirt seachad. Is dòcha gu bheil an neach a tha a' toirt seachd fianais ron leanabh agaibhse a' toirt barrachd ùine na bha dùil.

Faodaidh clann fàs gu math sgìth a' feitheamh agus 's e deagh bheachd a th' ann rudeigin a thoirt leibh a nì an dithis agaibh airson an ùine a chur seachad leithid leabhraichean, magasains no comaigs. Ma dh'fhaodte gum bi leanabh òg cuideachd ag iarraidh fear de na dèideagan as fheàrr leotha.

Tha àite-bìdh ann an cuid de chùirtean agus tha inneal sa chuid as motha airson greimean bìdh agus deochan. Ach, bu chòir dhuibh faighneachd mu dheidhinn seo ro-làimh oir 's dòcha gum biodh sibh airson greim bìdh a thoirt leibh.

CUAIRTEAN CÙIRTE

Chan eil e furasta do dhuine sam bith rud a dhèanamh airson a' chiad uair agus cha bhi a' chuid as motha de chloinn air a bhith ann an cùirt riamh roimhe. Tha a' chuid as motha de dhaoine a' faireachdainn nas fheàrr mu dheidhinn a bhith nam fianaisean ma tha fios aca dè a tha romhpa agus ma tha iad air tadhal air a' chùirt ro-làimh.

Tha cuairt chun na cùirte gu sònraichte feumail ann a bhith a' co-dhùnadh dè an ceum sònraichte a bu chòir a thaghadh. Ma tha an leanabh agaibh a' toirt seachad na fianais aca bho sheòmar le ceangal telebhisean ann an togalach eile bhiodh e na b'fheàrr dhaibh tadhal air an làraich sin.

Mar as trice bidh na cuairtean seo air an cur air dòigh le FCLF, Seirbheis an Fhianais, an neach-aithris no an neach-lagha.

Is dòcha gun fheàrr leis an leanabh agaibh coimhead air seòmar-cùirte agus na ceumannan sònraichte air CD ROM. Faighnich don neach a dh'iarr air an leanabh agaibh a bhith na fhianais an CD ROM fhaicinn.

A' TOIRT SEACHAD FIOSRACHADH

Chan aithne do dhuine an leanabh agaibh mar as aithne dhuibhse. Tha e a' cuideachadh mas urrainn dhuibh bruidhinn ri neach-casaid a' chrùin, neach-aithris, neach-diona no neach-lagha agus innse dhaibh dè a dh'fhaodadh an leanabh agaibh a chuideachadh gus an fhianais aca a thoirt seachad. Bidh FCLF agus Seirbheis an Fhianais toilichte èisteachd ribh cuideachd.

Feuch gun cuimhnich sibh gu bheil e cudromach fiosrachadh sam bith a thoirt seachad a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an leanabh agaibh a bhith nam fianais. Tha e gu sònraichte cudromach innse do chuideigin mu dheidhinn nan rudan a leanas:

- Dè na h-uidhir 's tha an leanabh agaibh a' tuigsinn mu dheidhinn na tha a' tachairt?
- Dè an ìre tuigse a tha aig an leanabh agaibh?
- Dè cho math 's tha comas aire an leanabh agaibh? Dè cho math 's tha e/i air aire a chumail?
- Dè cho misneachail 's tha an leanabh agaibh?
- A bheil an leanabh agaibh uamhasach sianta no fèin-mhothachail?
- A bheil an leanabh agaibh troimhe-chèile mu bhith air a cheasnachadh?
- A bheil duilgheadasan labhairt, claidinn no fradhairc sam bith aig an leanabh agaibh?
- A bheil ciorram ionnsachaidh no corporra sam bith aig an leanabh agaibh?
- A bheil an leanabh agaibh a' gabhail chungaidhean-leigheis sam bith?
- A bheil an leanabh agaibh a' frithealadh leasaiche no clionaig shònraichte sam bith?
- Dè na rudan mu dheidhinn na cùirte a tha a' dèanamh dragh don leanabh agaibh?
- A bheil cinn-latha no amannan ann a bu chòir a sheachnadh, mar eisimpleir, saor-laithean no àm dhen latha an uair a tha leanabh òg a' gabhail norrag?
- Dè na faclan 'sònraichte' a tha an leanabh agaibh a' cleachdadh, mar eisimpleir, airson daoine no buill bodhaig (ma dh'fheumas iad an cleachdadh an uair a tha iad a' toirt seachad an fhianais aca)?

BUIL CÙIS LAGHA

Cha ghabh tuairmse a dhèanamh uair sam bith air an ùine a mhaireas gach cùis lagha. Cha mhair cuid de chùisean ach aon latha; ach faodaidh feadhainn eile cumail a' dol grunn làithean no nas fhaide. Mar as trice tha e an crochadh air cia mheud fianais a th' ann agus an ùine a tha gach fianas a' toirt an fhianais aca a thoirt seachad.

An uair a tha an luchd-lagha deiseil a dh'fhaighneachd cheistean don leanabh agaibh, innsidh am brithemh dhaibh an uair a tha iad deiseil agus cuin a dh'fhaodas iad falbh. Faodaidh an neach-taice faighneachd mura bheil iad cinnteach. Tha an leanabh agaibh an uairsin deiseil a bhith na fhianais agus cha bu chòir gum feumadh iad tilleadh.

An uair a tha fianais nam fianaisean uile air a chluinntinn, feumaidh am brithemh, an siorraidh (no diùraidh) a' bhreith aca a ruighinn no an co-dhùnadh aca a dhèanamh.

Ann an cùis eucorach tha trì seòrsa breith ann:

- **Ciontach** a' ciallachadh gun robh gu leòr san fhianais airson a dhearbhadh gun robh an neach a bha fo chasaid air eucoir a dhèanamh no air a bhith mar phàirt dhen eucoir. Thèid iarraidh air a' bhrithemh an uairsin beachdachadh air binn no peanas sam bith.
- **Neo dhearbhte no neo chiontach** a' ciallachadh nach robh fianais gu leòr ann airson a dhearbhadh gun robh an neach a bha fo chasaid ciontach 'gun teagamh reusanta', no nach robh am brithemh no an diùraidh a' creidsinn gun robh an neach a bha fo chasaid air an eucoir a dhèanamh. Tha an dà bhreith seo a' ciallachadh gu bheil an neach a tha fo chasaid a' faighinn leisgeul na cùirte agus gu bheil iad saor airson falbh.

Ann an cùis lagha èisteachd chloinne, nì an siorraidh co-dhùnadh dè a chaidh a dhearbhadh agus co dhuibh a bu chòir a' chùis a thilleadh gu èisteachd chloinne nach bu chòir. Is e an èisteachd chloinne a cho-dhùineas dè a thachras as dèidh sin.

Ann an cùisean eucorach, leigidh cuideigin fhaicinn dhuibh dè a' bhuil mu dheireadh a bh' ann. Ann an cùisean lagha èisteachd chloinne, far a bheil dìomhaireachd chloinne air a dhìon, is dòcha gum bi am fiosrachadh seo nas cuingealaichte.

Ma tha sibh airson bruidhinn ri cuideigin no airson mìneachadh fhaighinn airson co-dhùnadh no binn shònraichte, bu chòir dhuibh fios a chur gu FCLF, an neach-aithris no an neach-lagha.

CUIDEACHADH EILE A THA RI FHAOTAINN

Tagraidhean Diolaidh Leòntan Eucorach: Ma tha an leanabh agaibh air eucoir fhulang 's dòcha gum biodh sibh airson beachdachadh air tagradh airson airgead-diolaidh leòntan eucorach às an leth.

Faodaidh sibh foirm tagraidh fhaighinn bho:

Ùghdarras Diolaidh Leòntan Eucorach (UDLE)

**Taigh Tàtha
300 Sràid Bath
Glaschu
G2 4JR**

Fòn: 0141 331 2726

Ma tha sibh feumach air taic airson am foirm a lionadh, faodaidh sibh faighneachd aig an oifis Taic Luchd-fulaing ionadail agaibh no bruidhinn ris an neach-lagha agaibh.

Sgeama Fiosrachaidh Luchd-fulaing Ma tha an leanabh agaibh air eucoir fhulang agus ma chaidh an neach a tha fo chasaid a chur dhan phrìosan airson ceithir bliadhna no barrachd, bidh sibh fhèin agus an leanabh agaibh airidh air pàirt a ghabhail anns an Sgeama Fiosrachaidh airson Luchd-fulaing. Tha an sgeama seo a' tairgsinn fiosrachadh do luchd-fulaing agus teaghlaichean an uair a tha neach a fo chasaid an imis a bhith air a leigeil a-mach à prìosan. Ma tha sibh airidh, gheibh sibh litir agus bileag mu dheidhinn seo bho FCLF.

Taic Luchd-fulaing Alba: Anns a h-uile cùis, faodaidh e a bhith cuideachail dhuibh bruidhinn ris na seirbheisean taic ionadail. Faodaidh loighne-cuideachadh Taic Luchd-fulaing na h-Alba ur cuideachadh gus bruidhinn ris an oifis ionadail agaibh,

Fòn: 0845 603 0213. Faodaidh sibh barrachd fhaighinn a-mach mu na seirbheisean sin bho Sheirbheis Fhianais na cùirte no FCLF.

Loighne-cuideachaidh Teaghlaichean Phrìosanaich na h-Alba: Ma tha sibh fhèin no an leanabh agaibh càirdeach do neach a tha fo chasaid agus a dh'fhaodar a chur dhan phrìosan, agus ma tha feum agaibh air fiosrachadh no cluais thaiceil, faodaidh sibh fios a chur chun na Loighne-cuideachaidh air **Saor-fòn: 0500 83 93 83**

BEACHDAN

Faodaidh sibh cuideachd beachdan a thoirt seachad air mar a chuidich na seirbheisean an leanabh agaibh agus mar a dh'fhaodar an leasachadh.

Ma tha beachdan sam bith agaibh a chuidicheadh clann a tha nam fianaisean agus an luchd-cùraim aca san àm ri teachd, feuch gun leig sibh fhaicinn do FCLF, neach-aithris na cloinne no an neach-lagha. Faodaidh Seirbheis an Fhianais iarraidh oirbh na beachdan agaibh a thoirt seachad cuideachd.

RUDAN RI CHUIMHNEACHADH

Tuigidh a h-uile duine a tha an luib a bhith a' toirt na cùise seo gu cùirt gura dòcha gur e àm duilich a tha seo dhuibhse agus don leanabh agaibh. Feuch gum bruidhinn sibh riutha mu dheidhinn nan draghan 's nan eagalan agaibh. Tha iad ann airson ur cuideachadh.

- Bu chòir don leabhran seo agus na leabhraim fianais chloinne sibh fhèin agus an leanabh agaibh a chuideachadh gus a thuigsinn dè a tha e a' ciallachadh a bhith nad fhianais.
- Dèan cinnteach gu bheil an leanabh agaibh a' tuigsinn an leabhraim fhianais aca agus gum faigh iad cothrom ceistean sam bith fhaighneachd.
- Mura deach cuairt cùirte a thairgsinn dhuibh fhèin no don leanabh agaibh mar-thà, feuch gun iarr sibh tè a dh'aithghearr.
- Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh gu lèir a tha a dhìth oirbh agaibh mus tòisich a' chùis lagha.
- Dèan cinnteach gu bheil fios agaibh càit' a bheil a' chùirt no an seòmar ceangail Tbh, agus ciamar a tha sibh a' dol a dh'fhaighinn ann.

Is e an obair as cudromaiche aig an leanabh agaibh mar fhianais an fhìrinn innse.

Is e an obair as cudromaiche a th' agaibhse an leanabh agaibh a chuideachadh le a bhith a' faireachdainn nas misneachaile mu dheidhinn seo.

Bruidhinn riutha mu cho cudromach 's tha e an fhìrinn innse.

Chan fhaod sibh UAIR SAM BITH innse don leanabh agaibh dè a bu chòir dhaibh a ràdh no a dhol thairis air gin sam bith de na freagairtean aca còmhla riutha.

TAPADH LEIBH

FIOSRACHADH SEÒLAIDH FEUMAIL

OIFIGEAR POILEIS:

NEACH-CASaid A' CHRÙIN:

NEACH-AITHRIS NA CLOINNE:

NEACH-DÌONA:

NEACH-LAGHA:

FIOSRACHADH AGUS COMHAIRLE LUCHD-FULAING (FCLF):

SEIRBHEIS FHIANAIS:

TAIC LUCHD-FULAING ALBA:

NEACH TAICE:

NA NOTAICHEAN AGAIBH

Tha tuilleadh lethbhreacan den sgrìobhainn seo rim faotainn, air iarrtas, air teip, riochd clò nas motha agus ann an cànanan coimhearsnachd.
Fòn gu 0131 244 2213.

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2005

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba:
www.scotland.gov.uk

Astron B41394 06/05 (Gàidhlig)

Gheibhear tuilleadh lethbhreacan bho
Bùth-leabhraichean Blackwell
53 Drochaid a Deas
Dùn Èideann
EH1 1YS

Òrdain Fòn agus ceistean
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdain Facs
0131 557 8149

Òrdain Post-D
business.edinburgh@blackwell.co.uk

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn

www.scotland.gov.uk